

Cluinnidh tu Flòraidh Nic an Aba a' bruidhinn air Rèidio nan Gàidheal. Seo a' chiad phrògram ann an sreath mu Ghàidhlig na h-Alba.

Pàirt 1

'S i a' Ghàidhlig an cànan as sine a bhuineas do dh'Alba agus a tha air a bruidhinn san latha an-diugh. Tha eòlaichean den bheachd gun do thòisich àireamhan mòra de shluagh ceann a tuath na h-Èireann air tighinn a dh'Alba mun treas linn às dèidh Chrìosd. 'S i a' Ghàidhlig a bha aig na daoine seo. Rinn iad an dachaigh ann an Earra-Ghàidheal air taobh siar na h-Alba. Aig an àm sin, bha dà shluagh eile a' fuireach anns an dùthaich ris an can sinn Alba san latha an-diugh: na Cruithnich agus na Breatannaich. Mar na Gàidheil, 's e Ceiltich a bh' anns na daoine seo ach bha dòighean-beatha agus cànan eadar-dhealaichte aca.

Pàirt 2

Ged a bha na Gàidheil air rìoghachd a chruthachadh dhaibh fhèin air taobh siar na h-Alba, b' iad na Cruithnich a bu treasa de na trì treubhan. Dh'atharraich seo anns an naoidheamh linn nuair a bha na Lochlannaich a' toirt ionnsaigh chruaidh air na Cruithnich. Dh'fhàg seo gun robh e na b' fhasa dha na Gàidheil làmh-an-uachdair fhaighinn air na Cruithnich. B' ann aig deireadh an linn sin a chaidh an t-ainm Alba a chleachdadh an toiseach – a' chiad uair a bha an dùthaich air fad fo aon rìgh. Sgaoil a' Ghàidhlig gu tuath, gu deas agus chun an ear. Tha e air a thomhas gun robh a' Ghàidhlig air a bruidhinn air feadh na dùthcha mu thoiseach an aonaimh linn deug agus gun robh i fiù 's air a bruidhinn ann an ceann a tuath Shasainn.

Pàirt 3

Bidh cànan ag atharrachadh tro na linntean. Chì sinn seo nuair a bhios sinn a' leughadh sheann leabhraichean anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla. Bidh an cànan anns na leabhraichean seann-fhasanta agus doirbh a thuigsinn. Cha robh mòran eadar-dhealachaidh eadar a' Ghàidhlig a bha air a bruidhinn ann an Èirinn agus a' Ghàidhlig a bha aig muinntir na h-Alba airson beagan linntean. Ach bha a' Ghàidhlig a bha air gach taobh den mhuir air a dealachadh agus, beag air bheag, thàinig atharrachaidhean. Mu dheireadh, bha e follaiseach gun robh dà chànan fa leth ann. Thug na Lochlannaich buaidh mhòr air a' Ghàidhlig againne – tha mòran fhaclan à Lochlannais ann an Gàidhlig na h-Alba. Cha robh an aon bhuaidh aig Lochlannais air Gàidhlig na h-Èireann. Anns an latha an-diugh, tha e comasach gu ìre do Ghàidheil na h-Alba còmhradh a chumail ri muinntir na h-Èireann, ach chan eil e furasta.